

Stèiseanan lasgaich na h-Alba


Nuair a chaidh Comann lasgach Bhreatainn a chur air bhonn, thòisich iad sa bhad a' cur àiteachan ùra air bhonn. B' e Tobar Mhoire a' chiad phort a chaidh a leasachadh air costa siar na h-Alba ann an 1787, agus an dèidh sin, Ullapul ann an 1788, agus Loch a' Bhàigh san Eilean Sgitheanach ann an 1795.



Loch a' Bhàigh



Tobar
Mhoire



Ullapul

Nuair a chaidh baile Thobar Mhoire a stèidheachadh, bha dùil gun togadh daoine a bha mu thràth ag obair air an fhearann sgilean mar iasgairean agus mar **luchd-ciùird**. Ach cha robh an t-eòlas no an t-airgead aig mòran de mhuinntir an àite a leig leotha bàtaichean a thogail no a dhol gu muir.

Na b' fhaide air adhart thug gnìomhachas na ceilpe cothrom cosnaidh do dhaoine ach dìreach airson greiseag.

Chaidh Ullapul a thaghadh gus brath a ghabhail air iasgach an sgadain a bha air fàs ann an Loch Bhraoin. Ach, mu dheireadh an 18mh linn, cha robh na **sgaothan** mòra sgadain ann leis gun deach cus sgadain a ghlacadh. Ri linn 's mar a chròn na **sgaothan**, cha do rinn Comann lasgach Bhreatainn no na pròiseactan iasgaich air a' chosta an iar cho math.

Chaidh cuideam a chur air Comann an lasgaich puirt iasgaich a leasachadh air Costa ear-thuath na h-Alba, agus le sin thionndaidh iad an aire gu Costa Ghallaibh.

Stòr: Tasglann Aonghais Mhicleòid

